



Teisteanais
Nàiseanta
2023

X832/76/11

Àrd-Ìre

DIMÀIRT, 23 CÈITEAN

9:00 M – 10:50 M

**Gàidhlig
Leughadh**
Gàidhlig Reading

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar na deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 6 1 1 *

A' Chiad Oidhche

5 Cha robh Ruairidh a' dol a shealltainn air an uair; bha fios aige gun robh e fadalach. Chrùb e a cheann an aghaidh an uisge is na gaoithe agus ruith e sìos an rathad mar fhear a bha gu tur às a rian. Stad e mus do ràinig e an t-oisean eadar Rathad na h-Eaglaise agus Sràid a' Bhanca far an robh e a' dol a choinneachadh ri Mairead. Leig e anail airson diog no dhà. Choisich e an uair sin chun an oisein agus sheall e mun cuairt air.

Cha robh i ann. Cha robh duine ann. Tharraing e a sheacaid suas os cionn a chinn gus an t-uisge a chumail dheth 's e coma a-nis dè thachradh do fhalt; 's ann a bha e bog fliuch co-dhiù. Sheall e mun cuairt turas eile agus rinn e mionnan beag fo anail. Bha i air falbh mu thràth. Dh'fhairich e a chridhe a' bualadh air na creagan agus eu-dòchas an uair sin ga bhàthadh.

10 Cha robh e uabhasach fadalach ge-tà. Sheall e air uaireadair . . . ceithir mionaidean an dèidh seachd . . . 's iad air aontachadh gun coinnicheadh iad aig a seachd. Mo chreach! Nach robh foighidinn idir aig Mairead?

15 Sheall Ruairidh sìos air a chasan agus ghluais e iad às an lòn a bha a' drùidheadh tro bhrògan. Rinn e mionnan ìosal eile. Bha fios aige gum bu chòir dha a bhith air aodach na bu fhreagarraich' a chur air 's an oidhche cho fliuch . . . ach bha e ag iarraidh gum biodh coltas spaideil air, airson a' chiad oidhche a-muigh còmhla ri Mairead. Ghabh e aithreachas gun do chaith e fada cus ùine air beulaibh an sgàthain. Och, amadain . . . carson a bha e fadalach air a' chiad oidhche?

20 Sheall e mun cuairt a-rithist ach fhathast cha robh duine ann. Thàinig e a-steach air gur dòcha gur ise a bha fadalach. Bha e cho math dha feitheamh greiseag eile . . . gun fhios nach tigeadh i fhathast . . .

25 Bha Ruairidh air chrith agus an t-uisge a' drùidheadh tro chòta is a lèine an uair a chuala e ceumannan boireannaich air a' chabhsair. Bha cuideigin le sàilean àrda a' dèanamh cabhaig agus a' tighinn na b' fhaisg' air. Dh'fhairich e blàths a' leaghadh fuachd a bhodhaig ach rinn e cinnteach nach do thionndaidh e gus an do nochd i timcheall an oisein.

"A Mairead, bha dùil agam nach robh . . . O, Halo . . . a Chatrìona?"

"Halò, a Ruairidh! Oidhche fhiadhaich, nach e?" arsa Catrìona.

Bha an guth aig Catrìona rèidh, a h-aodann maiseach. Sheall i ri Ruairidh le sùilean cho cinnteach 's gun do shaoil e gum faiceadh i a-steach na inntinn.

30 "Tha i fiadhaich", fhreagair e gu fann, is e a' faireachdainn an-fhoiseil fo na sùilean cumhachdach. An e seo an aon Chatrìona Nicdhòmhnail a bha san sgoil còmhla ris bho chionn bliadhna no dhà? Leis an aodach shnasail a bha oirre, bha gach coltas ann gun robh ise cuideachd a' dol a choinneachadh ri duine.

35 *"A bheil thu a' feitheamh ri cuideigin? . . . Tha thu air a bhith a' feitheamh deagh ghreis, nach eil?"* thuirt Catrìona 's i a' cumail a sùilean air. Bha iad cho liath-ghorm, a sùilean. An robh an dath iongantach sin orra fhad 's a bha iad san sgoil? Ciamar nach do mhothaich e dhi an uair sin?

"O, . . . tha . . . ," fhreagair Ruairidh.

"Seo." Thog Catrìona a sgàilean-uisge na b' àirde. *"Bidh thu nas cofhurtail fon seo."* Rinn i gàire beag tarraingeach agus dh'fhuirich i gus an tàinig e a-steach ri taobh.

40 *"Uill, . . . tapadh leat."* Chrùb e a cheann fo oir an sgàilein. *"Cha robh mi an dùil ri uisge cho trom nuair a dh'fhàg mi an taigh."*

"Cò air a tha thu a' feitheamh?" dh'fhaighnich Catrìona. Thug i an sgàilean a-nuas, ga

chuartachadh mar lìon.

“Mairead Ros. . . . Dè . . . dè mud dheidhinn fhèin?” dh’fhaighnich e ann an guth critheanach.

45 *“Chan eil sin gu diofar a-nise,”* fhreagair i. *“S e freastal a tha seo. Tiugainn!”*

Dh’fhairich Ruairidh làmh bhlàth Catrìona a’ teannachadh air a làimh fhèin.

Mar gum biodh e fo gheasaibh, choisich e còmhla rithe agus a-steach dhan taigh-bìdh.

* * *

50 Thàinig Mairead timcheall an oisein agus sheall i suas an t-sràid fhalamh. Càit an robh e? Sheas i agus sheall i mun cuairt oirre, a’ fàs beagan tro-chèile. Cha b’ ann idir coltach ri Ruairidh Caimbeul a bha seo.

Bha fhios aice gun robh i fadalach . . . nach e sin a mhol a caraaid dhi? An dearbh charaid a thuir gum fuiricheadh Ruairidh rithe, uisge ann no às, bhon a bha e cho eagalach dèidheil oirre.

55 Sheall Mairead air a h-uaireadair. Ceithir mionaidean deug an dèidh seachd. Dìreach mar a dh’inns a caraaid dhi. Agus bu chòir fios a bhith aicese mar a b’ fheàrr a làimhsicheadh tu gnothach a’ ghaoil – nach e Catrìona a bha eòlach air na balaich. Nach e Catrìona a thuir nach fhalbhadh balach sam bith gu co-dhiù fichead an dèidh seachd.

Carson, ma-thà, nach robh e ann?

60 Ach thàinig e a-steach air Mairead gur dòcha gur esan a bha fadalach. Sin e. Bha Ruairidh fadalach.

Ruairidh còir. Smaoinich i air a’ chrith a bha na ghuth nuair a thug e cuireadh dhi gu biadh san taigh-òsta agus rinn i gàire beag rithe fhèin san dorchadas. Chuimhnich i mar a choisich e air falbh an latha roimhe is a cheum cho aotrom ri isean . . . bha fios aice nach leigeadh Ruairidh sìos i. Cha robh teagamh aice mun a sin. Dh’fhuiricheadh i ris.

Stèidhichte air an sgeulachd Cealgaireachd Nic an Duine

COMHARRAN

Ceistean

Freagair na ceistean a leanas. Cho tric ’s is urrainn dhut, bu chòir dhut na faclan agad fhèin a chleachdadh nad fhreagairtean.

Coimhead a-rithist air loidhnichean 1–12.

1. Dèan geàrr-chunntas air suidheachadh Ruairidh.

Na cleachd ach am fiosrachadh as cudromaiche ann a bhith a’ dèanamh seo.

3

2. Seall mar a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh ath-aithris agus puingeachadh anns a’ phìos seo airson tònna a chruthachadh.

2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 1–9.

3. Seall mar a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh ìomhaighean airson faireachdainnean Ruairidh a dhèanamh soilleir.

2

Ceistean (a' leantainn)

Coimhead a-rithist air loidhnichean 13–25.

4. Beachdaich, le fianais, air na tha sinn ag ionnsachadh mu character Ruairidh. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 26–41.

5. Tha an t-ùghdar a' dèanamh soilleir gur ann aig Catrìona a tha smachd air an t-suidheachadh seo.

Seall, le eisimpleirean, mar a tha e a' cleachdadh nan sgilean sgrìobhaidh a leanas airson seo a dhèanamh:

- (a) Taghadh-facail 2

- (b) Structar-seantans. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 49–64.

6. Tha an dàrna pàirt den sgeulachd a' toirt soilleireachadh dhuinn air na thachair roimhe.

Mìnich mar a tha e a' toirt tuigse shlàn dhut air plota na sgeulachd. 4

7. Le bhith a' cleachdadh fianais, beachdaich air character Mairead anns na loidhnichean seo. 3

Beachdaich air an sgeulachd air fad.

8. Tha an t-ùghdar a' cleachdadh diofar dhòighean-aithris airson an sgeulachd innse. Seall le fianais na diofar dhòighean seo le bhith a' coimhead air 1–25, 26–47 agus 49–64. 3

9. Tha thu a-nis air an sgeulachd air fad a leughadh agus air soilleireachadh fhaighinn air character Chatrìona.

Coimhead air ais air loidhnichean 42–47 agus seall mar a chleachd an t-ùghdar dà ìomhaigh gus rabhadh a thoirt dhuinn mu Chatrìona. 2

10. Tha Ruairidh agus Mairead a' cur cheistean reatoraigeach orra fhèin anns an sgeulachd seo.

Coimhead air loidhnichean 10–31 agus 52–60. Tagh eisimpleir de seo airson an dà character agus seall mar a chuir an t-ùghdar an sgil-sgrìobhaidh seo gu feum. 2

11. Nad bheachdsa, dè na cuspairean as cudromaiche a tha ag èirigh às an sgeulachd? Seall, le eisimpleirean, carson a tha thu den bheachd seo. 2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[FOSGAIL A-MACH]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Acknowledgement of copyright

Text — Text is adapted from a short story called ‘Cealgaireachd Nic an Duine’ from Gairm 139.

SQA has made every effort to trace the owners of copyright of this item and seek permissions. We are happy to discuss permission requirements and incorporate any missing acknowledgement. Please contact question.papers@sqa.org.uk.